

Comhairle na Gàidhealtachd

Geàrr-chunntas coinneamh **Comataidh na Gàidhlig** a chumadh **air astar** air Dimàirt 18 Cèitean 2021 aig 10.30m.

An làthair:

Mgr G Adam

A' Bh-uas I Chaimbeul

A' Bh-uas S Chaimbeul

Mr I Gòrdon

Mgr A MacEanraig

Mgr A MacAonghais

Mgr G MacCoinnich

Mgr C Rothach

A' Bh-uas M NicPheadrais

Mgr D Rixson

Neo-Bhall an làthair cuideachd:

Mgr I MacFhionnlaigh

A' frithealadh na coinneimh:

A' Bh-uas K Lackie, Àrd-Oifigear Gnìomhach – Coileanadh agus Riaghlachas

A' Bh-uas L Walker, Manaidsear Leasachaidh na Gàidhlig

A' Bh-uas J NicDhòmhnaill, Prìomh Oifigear Eadar-theangachaidh

Mgr I Jackson, Oifigear Foghlaim

Mgr R MacAoidh, Oifigear Leasachaidh

A' Bh-uas M A NicLeòid Mitchell, Oifigear Leasachaidh na Gàidhlig

A' Bh-uas S NicIllinnein, Prìomh Rianaire

Cuideachd a' frithealadh na coinneimh:

Mgr S Greumach, Àrd-Oifigear, An Comunn Gàidhealach

Mgr A Caimbeul, Ceann-suidhe, An Comunn Gàidhealach

Tha rionnag air iomall na duilleige a' comharrachadh moladh a thèid chun na Comhairle. Tha co-dhùnidhean gun chomharra fo ùghdarras na Comataidh.

Mgr C Rothach anns a' Chathair

An Toiseach

Mus do thòisich gnòthach foirmeil na coinneimh, thug an Cathraiche seachad na naidheachdan matha a leanas:-

- Bha Emma Roddick, ball de Chomataidh na Gàidhlig, air a taghadh gu Pàrlamaid na h-Alba air 6 Cèitean 2021. Chuir an Cathraiche, às leth na Comataidh, deagh dhùrachd thuice;
- Chaidh seisean fiosrachaidh air-loidhne airson Foghlam tron Ghàidhlig do phàrantan a chumail sa Mhàrt. Bha cothrom an lùib seo cluinntinn bho Antonella Sorace, Àrd-Ollamh Cànanachas Leasachail aig Oilthigh Dhùn Èideann. Chaidh clàradh a dhèanamh agus bha seo ri fhaotainn do sgoiltean airson a cho-roinn le pàrantan. Chaidh an seisean a thoirt gu crìch le cèilidh teaghlaich is òrain;
- Bha Fèis Rois na pàirt de Cho-chruinneachadh Cultar na Gàidhealtachd, prògram paidhleit nàiseanta airson lionraidhean cruthachail a stèidheachadh;
- Bha dàimh fhada chom-pàirteach aig Comhairle na Gàidhealtachd le Fèis Rois agus bha e tlachdmhor faicinn gun deach dreuchd neach-ealain air mhuinntireas a

chruthachadh airson amas air luchd-ionnsachaidh òga na Gàidhlig aig nach robh cothrom cho math air Gàidhlig taobh a-muigh a' chlas nuair a bha sgoiltean dùinte ri linn Covid-19;

- Bha an sgoil-àraich ùr aca a' còrdadh ri Bun-Sgoil Dhùn Bheagain;
- Bha na bràithrean Alasdair agus Ruaraidh MacLeòid, sgoilearan aig Bun-Sgoil Ghàidhlig Inbhir Nis, nam masgotan bho chionn ghoirid airson Club Ball-coise Caledonian Thistle Inbhir Nis agus bha iad air duilleag na sgioba a leughadh a-mach sa Ghàidhlig;
- Chaidh meal-an-naidheachd a chur air luchd-buannachaidh duaisean FilmG 2021 às a' Ghàidhealtachd, mar a leanas:-
 - Bhuannaich sgoilearan Bun-Sgoil Stafainn Ionatan MacDhòmhnaill agus Lachlann MacLeòid Roghainn an t-Sluaigh agus duaisean Gàidhlig FilmG airson am film 'Thairis na Maidne', a bha stèidhichte air prògram naidheachdan maidne Radio nan Gàidheal (Aithris na Maidne). Bhuannaich Ionatan cuideachd duais Cluiche as Fheàrr;
 - Bhuannaich Bun-Sgoil Chnoc na Creige, Baile Dhubhthaich, dà dhuais: Film as Fheàrr ann am Buidheann na h-Òigridh agus Film as Fheàrr airson 'Na Cèicean Blasta', stèidhichte air Nighean Bheag a' Chòta Dheirg;
 - Chaidh am Prògram Aithriseach as Fheàrr, 'Bhon Làimh Chun a' Bheòil', a bhuannachadh le Eòin Cuimeanach, sgoilear san t-siathamh bliadhna aig Sgoil Chiùil na Gàidhealtachd sa Phloc;
 - Bhuannaich sgoilearan Àrd-Sgoil Ullapuil Fionnlagh MacDhòmhnaill agus Silas Brown à Aichillidh Bhuidhe an Riochdachadh as Fheàrr airson 'Claidheamh Cutach'. Cuideachd na sgoilear aig Àrd-Sgoil Ullapuil, bhuannaich Nuala NicDhòmhnaill an Riochdachadh Eadar-nàiseanta as Fheàrr le 'Aonaichte' a bha a' coimhead air aonaranachd is cumhachd càirdeis;
 - Anns an Earrainn Fhosgailte chaidh am Film Goirid Fòn-làimhe as Fheàrr a bhuannachadh le 'Contraigh' aig Tanca Aonghais;
 - Chaidh am Film as Fheàrr 'Am Bruadar' a bhuannachadh le Calum MacIlleathain; agus
 - Chaidh an Sgrìobt as Fheàrr 'Aiseirigh' a bhuannachadh le Fiona J NicCoinnich, tasglannaiche is manaidsear Taigh Chanaigh airson Urras Nàiseanta na h-Alba.

Gnothach

1. Leisgeulan

Ghabhadh leisgeulan às leth Mhgr R Bremner, Mhgr D MhicAoidh, na M-uas E Roddick agus Mhgr A Mhic na Ceàrdaich.

2. Foillseachaidhean Com-pàirt

Cha robh Foillseachaidhean Com-pàirt ann.

3. Mòd Nàiseanta Rìoghail 2021

Chuartaicheadh Aithisg Àir. G/4/21 le ceann-latha 26 Giblean 2021 leis an Àrd-Oifigear Ghnìomhach – Coileanadh agus Riaghlachas. Bha Mgr Seumas Greumach, Àrd-Oifigear a' Chomuinn Ghàidhealaich agus Mgr Ailean Caimbeul, Ceann-suidhe a' Chomuinn Ghàidhealaich an làthair aig a' choinneimh airson ceistean nam Ball a

fhreagairt mun Mhòd Nàiseanta Rìoghail a bhathar an dùil a chumail ann an Inbhir Nis san Dàmhair 2020 agus a thathar an dùil a chumail ann an Inbhir Nis san Dàmhair 2021.

Rè an deasbaid, thog na Buill na puingeann a leanas:-

- Chaidh fàilte chridheil a chur air a' bheachd gun deigheadh am Mòd Nàiseanta Rìoghail a chumail ann an Inbhir Nis anns an Dàmhair 2021, gu h-àraid às dèidh bliadhna dhoirbh Covid-19. Bhiodh mòran dhaoine a' coimhead air adhart ris agus bha e cudromach, chan ann a-mhàin a thaobh an eaconamaidh, ach a thaobh slàinte inntinn dhaoine cuideachd;
- Bhiodh tasgadh £80 mìle a' tàrmachadh sùim fada na bu mhotha dhan eaconamaidh ionadail, chan ann a-mhàin ann an Inbhir Nis ach thar sin;
- Chaidh fàilte a chur air dòigh-obrach shubailte a' Chomuinn Ghàidhealaich a thaobh a bhith a' gluasad a' Mhòid air-loidhne ann an 2020. A' coimhead air adhart, math dh'fhaodte gum feumadh seo a bhith air a leasachadh barrachd san àm ri teachd;
- Nam biodh duilgheadasan Covid-19 a' leantainn air adhart agus nam feumadh Mòd 2021 gluasad gu bhith gu tur air-loidhne, bhiodh e doirbh Inbhir Nis a chur dheth a-rithist mar àite aoi gheachd;
- Bha grunn bhuannachdan an lùib a bhith a' gluasad gu àrd-ùrlar air-loidhne. Bha luchd-èisteachd is com-pàirtichean air tighinn bho iomadh dùthaich agus bhathar an dòchas gum b' urrainnear seo a ghleidheadh san àm ri teachd. Cuideachd, far an robh aitreabhan loma-làn, dh'fhaodadh tachartasan is farpaisean a bhith air an sruthadh air-loidhne;
- Bhathar an dòchas gum biodh misneachd aig com-pàirtichean is luchd-èisteachd tighinn còmhla a-rithist;
- Fhad 's a bhathar a' gluasad gu cruth measgaichte le com-pàirteachas air-loidhne, chaidh moladh gun robh cothrom an lùib seo cuideachd teachd-a-steach a mheudachadh tro mharsantachd;
- Bha cosgaisean a bharrachd an lùib a bhith a' gluasad gu àrd-ùrlar air-loidhne;
- Bha cuid de Bhuill a' faireachdainn gun robh barrachd fiosrachaidh a dhìth a thaobh na bhiodh air a dhèanamh leis a' mhaoineachadh a bharrachd;
- Chaidh faighneachd co-dhiù a bheireadh am maoinachadh a bharrachd droch bhuidh air tabhartasan do bhuidhnean Gàidhlig eile. Mar fhreagairt, dhearbhadh an t-Àrd-Oifigear Gnìomhach airson Coileanadh agus Riaghlachas nach toireadh, agus mhinich i modail maoinachaidh a' Mhòid agus mar a bha e air a sgaoileadh thairis air grunn phàighidhean bliadhna a bhiodh a' càrnadh suas mus deigheadh Mòd a libhrigeadh san sgìre ionadail;
- Bha mòran de na bha am Mòd Nàiseanta Rìoghail a' libhrigeadh mar thoradh air oidhirpean saor-thoileach agus bha e a' cosg mòran a bharrachd fèisean coltach ris a' Mhòd a chumail ann an àiteachan eile;
- Bheireadh am Mòd san Dàmhair leudachadh air ràith na turasachd, agus bha fàilte chridheil air a seo. Bha àite na bu mhotha aig turasachd chultarail cuideachd;
- Cha bu chòir dì-meas a dhèanamh air na buannachdan a bha an lùib a' Mhòid Nàiseanta Rìoghail do dhaoine òga, a leithid a bhith a' togail am misneachd;
- Mar fhreagairt do cheist, chaidh dearbhadh gun deigheadh clàr-gnothaich a' Mhòid fhoillseachadh aig deireadh a' Chèitein; agus
- Bha buaidh shònraichte air coimhearsnachd nan còisirean. Bhiodh còisirean san àbhaist a' seinn is a' ruith thairis tron bhliadhna air fad, ach cha b' urrainn dhaibh seo a dhèanamh ri linn Covid-19. Ach, ri linn prògram na banachdaich,

bhathar an dòchas gum b' urrainn do chuid tighinn còmhla airson prìomh thachartas.

Às dèidh sin:-

- i. **THUG** a' Chomataidh **FA-NEAR** do dhreachd thùsail tachartasan Mòd Nàiseanta Rìoghail 2021; agus
- ii. **DH'AONTAICH** a' Chomataidh taic a chur ri iarrtas gu Comataidh nan Goireasan Corporra air 26 Cèitean 2021, airson suas ri £80,000 a chur ris a' bhuidseat ann am meadhan na bliadhna, airson am Mòd a ghleidheadh sa Ghàidhealtachd airson bliadhna eile.

4. Adhartas Mu Choinneamh Plana na Gàidhlig 3

Chuartaicheadh Aithisg Àir. G/5/21 le ceann-latha 26 Giblean 2021 leis an Àrd-Oifigear Ghnìomhach – Coileanadh agus Riaghlachas.

Rè an deasbaid, thog na Buill na puingean a leanas:-

- Bhathar a' cur fàilte air an àireimh de ghnìomhan a bha a-nis air an 'RAGadh' mar uaine agus air an fhiosrachadh mun fheadhainn a bha air an comharrachadh òmar;
- Bha adhartas air an t-slighe cheirt, gu h-àraid nuair a dheigheadh beachdachadh air suidheachadh na Gàidhealtachd agus buaidh Covid-19;
- B' e aon chuspair a bhith a' cur ri agus a' toirt taic do Phlanaichean Leasachaidh Chom-pàirteachasan Coimhearsnachd ach bha Com-pàirteachasan Dealbhadh Coimhearsnachd agus Buidhnean Dealbhadh Ionadachdan aig diofar ìrean gnìomhachd. A dh'aindeoin seo, bhathar an dòchas gum faodadh buidhnean a leithid seo a bhith air an com-pàirteachadh gus spionnadh a thoirt do phlanaichean na Comhairle airson leasachadh ionadachdan, agus chaidh An Caol ainmeachadh mar eisimpleir sònraichte;
- Bha pàirt chudromach aig a' Ghàidhealtachd ann an Ro-innleachd Ealain Nàiseanta na Gàidhlig agus chaidh dòigh-obrach nas gnìomhaiche a mholadh;
- Bha gnìomh ann ceangalan a thogail eadar bun-sgoiltean Foghlam tron Ghàidhlig is àrd-sgoiltean Foghlam tron Ghàidhlig agus bhathar an-dràsta a' gabhail os làimh sgrùdadh air goireasan àrd-sgoile airson cothroman a leudachadh. Chaidh fiosrachadh mu adhartas is ceann-latha crìochnachaidh a shireadh agus fhaotainn;
- Bha a' Chomhairle a' co-obrachadh le Comhairle nan Eilean Siar agus e-Sgoil airson cothroman a leudachadh a thaobh chuspairean àrd-sgoile sa Ghàidhlig ach bha a-nis Acadamaidh Bhiortail aig a' Ghàidhealtachd fhèin le barrachd luchd-teagaisg. Bha e cudromach gun robh a' Ghàidhlig mar phàirt dhen a seo seach gum biodh cothrom na b' fheàrr ann air raointean curraicealaim agus chaidh a dhearbhadh gu bheil oifigear sònraichte ann mu choinneamh seo; agus
- Bhathar a' sireadh tuilleadh eisimpleirean de Ghàidhlig san Àite-obrach, gu h-àraid ann an Comhairle na Gàidhealtachd.

THUG a' Chomataidh **FA-NEAR**:-

- i. dhan adhartas a rinneadh ann a bhith a' sgrùdadh is a' buileachadh Plana na Gàidhlig 3 air stèidh ràitheil, a' cleachdadh Siostam Coileanaidh is Rianachd

- Cunnairt (PRMS) a tha na shiostam rianachd airson coileanadh corporra aig a' Chomhairle airson taic a chur ri libhrigeadh Plana na Gàidhlig 3; agus
- ii. dhan adhartas is dha na dùbhlain ann a bhith a' buileachadh cuid de na gnìomhan comasachaidh anns a' Phlana. Bha dùbhlain gu ìre mhòir air sàillibh galar Covid-19, agus tha seo air buaidh a thoirt air cuid dhen bhuileachadh is air cuid de na cinn-latha crìochnachaidh ris an robh dùil.

5. Eadar-theangachadh Gàidhlig

Chuartaicheadh Aithisg Àir. G/6/21 le ceann-latha 27 Giblean 2021 leis an Àrd-Oifigear Ghnìomhach – Coileanadh agus Riaghlachas.

Rè an deasbaid, thog na Buill na puingean a leanas:-

- Bha an obair a bha Seirbheis eadar-theangachaidh na Gàidhlig a' toirt seachad airidh air moladh;
- Bhiodh e math nam biodh a' Ghàidhlig na b' fhollaisiche air làrach-lìn na Comhairle;
- Chaidh aontachadh gun robh e cudromach gun deigheadh teamplaidean nan soidhnichean a dhearbhadh-leughadh airson nach biodh mearachdan a' tighinn am bàrr aig a' cheum mu dheireadh;
- Gu tric, bha ainmean-àite Gàidhlig air na soidhnichean rathaid a' toirt seachad tuilleadh fiosrachaidh a thaobh eachdraidh is nàdar na sgìre;
- Bha cuingealachaidhean ann a thaobh a bhith a' toirt na seirbheis air adhart barrachd air sàillibh cion ghoireasan; agus
- Bha mion-atharrachaidhean dual-chainnt eadar Gàidhlig an Eilein Sgitheanaich is Leòdhais agus bha deasbad buailteach a bhith a' tighinn am bàrr am measg chànanan a thaobh a' bhriathrachais a bu chòir a chleachdadh.

THUG a' Chomataidh **FA-NEAR**:-

- i. dhan aithisg agus dhan obair a chaidh a dhèanamh a thaobh eadar-theangachadh Gàidhlig; agus
- ii. dha na leasachaidhean a tha a' gabhail àite an-dràsta agus dhan fheadhainn a tha san amharc.

6. Aithisg Tabhartas Sònraichte Gàidhlig Riaghaltas na h-Alba

Chuartaicheadh Aithisg Àir. G/7/21 le ceann-latha 27 Giblean 2021 leis an Àrd-Oifigear Ghnìomhach – Coileanadh agus Riaghlachas.

Rè an deasbaid, thog na Buill na puingean a leanas:-

- Bhathar a' cur fàilte air a' mheudachadh tabhartais agus bha seo a' sealltainn co-thaobhadh na Comhairle le amasan is poileasaidhean Riaghaltas na h-Alba;
- Bha Pròiseact 3 (A' Ghàidhlig ann an Tràth-ionnsachadh is Cùram-chloinne, Foghlam Bun-sgoile is Àrd-sgoile) ri mholadh. Ach, bha an curraicealam air fàs na bu chumhainge agus bha na roghainnean Foghlam tron Ghàidhlig, às dèidh ÀS3, gan sgrùdadh gus roghainn is slighean cuspair a mheudachadh. Bha na h-amannan seo riatanach ann am foghlam àrd-sgoile nuair a bhathar a' taghadh chuspairean agus bha iad seo tric stèidhichte air còmhraidhean le pàrantan is tidsearan agus, gu ìre chudromach, le co-aioisean. Airson barrachd

sgoilearan a bhrosnachadh gus Foghlam tron Ghàidhlig a thaghadh, chaidh moladh gum faodadh e a bhith ann an colbh cùrsa leis fhèin;

- Chaidh fàilte a chur air sgrùdadh air goireasan àrd-sgoile gus cothrom a leudachadh, mar a chaidh a thogail ann an Cuspair 4; agus
- Bha Com-pàirteachasan Dealbhadh Coimhearsnachd air barrachd dleasanais fhaotainn agus bu chòir luach na Gàidhlig a shoilleireachadh dhaibh.

THUG a' Chomataidh **FA-NEAR**:-

- i. dha na trì pròiseactan a tha air am mìneachadh ann an Tabhartas Sònraichte na Gàidhlig;
- ii. dhan tagradh agus dhan ghealladh do bhith a' libhrigeadh chumhaichean an tabhartais; agus
- iii. do dhealas Sgioba na Gàidhlig a thaobh a bhith a' libhrigeadh nan toraidhean agus a' cur air adhart nan toraidhean ann an tagradh an tabhartais.

7. Co-chomhairle Reachdail air Molaidhean do Sgìrean-sgoile airson Foghlam tron Ghàidhlig

(a) Bun-Sgoil Àth Tharracail

Chuartaicheadh Aithisg Àir. G/8/21 le ceann-latha 23 Giblean 2021 leis an Àrd-Oifigear Ghnìomhach – Foghlam agus Ionnsachadh.

Rè an deasbaid, thog na Buill na puingeann a leanas:-

- Bha cruinn-eòlas na sgìre a' ciallachadh nach robh sgìrean-sgoil Àird Ghobhar agus Loch Àlainn air an gabhail a-steach, seach gun robh na h-astaran is an ùine siubhail às na h-àiteachan seo na b' fhaide na bhiodh air a mheas reusanta. Ach, dh'fhaodadh mì-chinnt a bhith ann a thaobh Buidhnean Sgoiltean Co-cheangailte agus chaidh faighneachd co-dhiù a bha miann ann an sgìrean Àird Ghobhar agus Loch Àlainn a bhith air an gabhail a-steach san sgìre-sgoile;
- A thaobh ùine, bha e na bu luaithe do sgoilearan ann an Àird Ghobhar faighinn gu Àth Tharracail na bhiodh e do sgoilearan à Cille Chòmhain;
- Bha eachdraidh aig an sgìre a thaobh na Gàidhlig is a thaobh nam fèisean agus bha e cudromach taic a thoirt dhan a seo.

DH'AONTAICH a' Chomataidh taic a thoirt dhan mholadh agus **THUG** a' Chomataidh **FA-NEAR** gun deigheadh comhairle a thoirt do Chomataidh an Fhoghlaim mu bheachdan Buill Chomataidh na Gàidhlig, mus dèanadh i a co-dhùnadh.

(b) Bun-Sgoil Bhaile Ùr an t-Slèibh

Chuartaicheadh Aithisg Àir. G/9/21 le ceann-latha 27 Giblean 2021 leis an Àrd-Oifigear Ghnìomhach – Foghlam agus Ionnsachadh.

DH'AONTAICH a' Chomataidh taic a thoirt dhan mholadh agus **THUG** a' Chomataidh **FA-NEAR** gun deigheadh comhairle a thoirt do Chomataidh an

Fhoghlaim mu bheachdan Buill Chomataidh na Gàidhlig, mus dèanadh i a co-dhùnadh.

8. **Maoineachadh Maoin Buileachaidh Achd na Gàidhlig (GLAIF) aig Bòrd na Gàidhlig – Dreachd Phrògram Phròiseactan**

Chuartaicheadh Aithisg Àir. G/10/21 le ceann-latha 27 Giblean 2021 leis an Àrd-Oifigear Ghnìomhach – Coileanadh agus Riaghlachas.

Chuir Buill fàilte bhlàth air dreuchd Gaisgeach Òg na Gàidhlig, a bha a' toirt guth Gàidhlig do dhaoine òga airson an riochdachadh. Bhiodh iad an lùib Plana Gàidhlig na Comhairle, bhiodh iad a' tarraing aire gu na prìomh chùisean a bha nan cuideaman agus mar a dh'fhaodadh a' Ghàidhlig a bhith air a cleachdadh sna coimhearsnachdan aca. Bhathar an dòchas gum b' urrainn dhaibh cuideachd Comataidh na Gàidhlig a fhrithealadh agus cuideachadh gus poileasaidh a leasachadh.

Bha a' Chomataidh ag aithneachadh gun robh GLAIF am measg prìomh shruthan maoineachaidh Gàidhlig na Comhairle, agus THUG a' Chomhairle FA-NEAR do na h-iarrtasan GLAIF a bha Sgioba na Gàidhlig a' stiùireadh agus a chaidh a chur a-steach gu BnaG ron cheann-latha dùnaidh air 22 Giblean 2021.

9. **Lèirsinn agus Ro-innleachd Ghàidhlig airson Comhairle na Gàidhealtachd**

Chuartaicheadh Aithisg Àir. G/11/21 le ceann-latha 6 Cèitean 2021 leis an Àrd-Oifigear Ghnìomhach – Coileanadh agus Riaghlachas.

Rè an deasbaid, thog na Buill na puingeann a leanas:-

- Bha dleastanas aig an Àrd-Oifigear Ghnìomhach airson Bun-structair is Àrainneachd airson ro-innleachd chultarail agus bha e cudromach ceangalan a thogail;
- Bha solar nan àiteachan sònraichte airson dachaighean-motair a' tabhann cothrom air leth a' Ghàidhlig is na tha i air cur ris a' Ghàidhealtachd a thaobh cultar, turasachd agus an eaconamaidh a bhrosnachadh, gu h-àraid a thaobh eadar-theangachadh air na bha 'àirigh' a' ciallachadh, agus eachdraidh is tùs an fhacail a mhìneachadh. Nam biodh bòrd-fiosrachaidh anns na h-àiteachan seo, dh'fhaodadh seo luchd-turais a bhrosnachadh gu àiteachan na b' iomallaiche. Dh'fhaodadh seo a bhith air a bhrosnachadh gun mhòran cosgais a bharrachd; agus
- Ma bha lèirsinn is ro-innleachd Ghàidhlig gu bhith air an cur air adhart, bha e cudromach gun deigheadh seo aontachadh aig coinneamh dhen Làn-Chomhairle, math dh'fhaodte mar phàirt de dh'Aithisg Bhuileachaidh Bhliadhnail na Gàidhlig.

DH'AONTAICH a' Chomataidh an dòigh-obrach airson a bhith a' leasachadh Lèirsinn is Ro-innleachd Ghàidhlig na Comhairle.

Chrìochnaich a' choinneamh aig 1.40f.